

6 Joon 2020

## A Phàrant/Neach-cùraim chòir

San Fhaoilleach 2020, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Àrd-sgoil Mhalaig. Rè ar turais, bhruiddhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Mura tèid ainmeachadh, tha iad a' buntainn an dà chuid ri Foghlam Meadhan Beurla agus Foghlam Meadhan Gàidhlig.

- An suidheachadh deimhinneach airson ionnsachadh stèidhichte air àrainneachd spèiseil agus cùramach. Dealas coimhearsnachd farsaing na sgoile ann a bhith ag obair gu math còmhla gus coinneachadh ri feumalachdan dhaoine òga.
- Cruthachalachd a' cheannaird ann a bhith a' cumadh a' churraicealaim, tro mheadhan na Beurla, gus coinneachadh ri feumalachdan dhaoine òga taobh a-staigh co-theacsa sònraichte eileanach agus dùthchail.
- Seilbh agus cumhachdachadh na sgioba luchd-obrach ann a bhith a' cleachdad an ionnsachaидh phroifeiseanta gu bhith a' toirt fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaيدh agus teisteanasan iomchaيدh is brosnachail do dhaoine òga.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson an leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Tuilleadh chothroman a thabhan do dhaoine òga a bhith a' luachadh an ionnsachaيدh. Tabhan barrachd dhreuchdan ceannardais do dhaoine òga gus a bhith ga dhèanamh comasach dhaibh pàirt nas gnìomhaich a ghabhail ann a bhith a' cumadh atharrachadh agus leasachadh.
- A' togail air leasachaidhean a rinneadh o chionn ghoirid, leantainn air adhart ag àrdachadh coileanadh, gu h-àraidh ann an àireamhachd agus matamataig.
- A' cur ullachaidhean ro-innleachdail nan àite gus taic a thoirt do leasachadh leantainneach stèidhichte air poileasaيدh agus comhairle naiseanta mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha feum aig daoine òga air tuilleadh chothroman cunbalach gus am fileantas sa chànan a leasachadh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdad a' ceithir comharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagan\)](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdad a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

## Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Àrd-sgoil Mhalaig

Comharran càileachd	Luachadh
<b>Ceannardas air atharrachadh</b>	<b>riarachail</b>
<b>Ionnsachadh, teagasc agus measadh</b>	<b>math</b>
<b>Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh</b>	<b>math</b>
<b>A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas</b>	<b>math</b>
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho <a href="#">Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagan)</a> . <a href="#">Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing</a>	

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidiche, ainmichte mar Gheàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaotainn air làrach-lìn Foghlam Alba <https://education.gov.scot/education-scotland/inspection-reports/reports-page/?id=3586>.

### Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh agus mar sin cha thadhail sinn tuilleadh co-cheangailte ris an sgrùdad seo. Innsidh Comhairle na Gàidhealtachd do phàrantan/luchd-cùram mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca co-cheangailte ri bhith a' toirt fiosrachadh seachad mu chàileachd a sgoiltean.

Gary Johnstone  
Neach-sgrùdaidh na Banrigh